

Ceàird an Sgrìobhaiche

Leughadh agus Sgrìobhadh Co-roinnte



ilean Liath Caimbeul.

beul-aithris

Clàr-innse

Roinn 4: Beul-aithris

A' Mhaighdeann-Mhara – <i>Beul-aithris</i>	43
Am Maighstir agus an Gille – <i>Beul-aithris</i>	44
Pìobaire Òg Uibhist a Deas – <i>Beul-aithris</i>	45

A' Mhaighdeann-Mhara

Bha tuathanach ann roimhe seo, dom b' ainm Otram, is bha e a' falbh tro choille ri taobh na mara, is chunnaic e seachd ròin a' tighinn gu cladach, is chaidh e am falach orra. Thàinig iad gu tìr, agus is e a bh' ann seachd maighdeannan-mara. Chuir iad dhiubh na cochaill-èisg aca, agus is e a bh' annta nigheanan brèagha.

Chaidh iad gan nighe fhèin anns a' mhuir, is chaidh Otram, is ghoid e leis an aon bu mhotha de na cochaill, is chuir e am falach e. An uair a thàinig na maighdeannan air ais gu far an robh na cochaill, fhuair gach tè a cochall fhèin, ach an tè bu mhotha dhiubh. Dh'iarr ise a cochall fhèin gus an robh i sgìth. Dh'fhalbh càch a-mach air a' chuan, is dh'fhuirich ise leatha fhèin, is i a' caoineadh is a' caoidh, na suidhe air aon de chlachan a' chladaich, is i rùisgte.

Thàinig Otram far an robh i, is chuir e a bhreacan mu a timcheall, agus thug e leis dhachaigh i. Fhuair e aodach dhi, is dh'ionnsaich i obair a dhèanamh, agus bha i grunn-dail, gnìomhach. Phòs Otram i, is bha clann aca.

Fada na dhèidh sin, an àm an earraich, bha Otram a-muigh a' treabhadh, agus bha a bhean a-muigh ag amharc mun cuairt air gnothaichean, agus nuair a thàinig i a-steach, thuirt i ri a mac, "Nach iongnadh leat nach eil d' athair a' cur mu dheidhinn a' mhulain arbhair sin a bhualadh, is gum bi feum aige air an t-sìol gu goirid?"

Agus thuirt a mac, "Tha rud bòidheach aig m' athair ga ghleidheadh anns a' mhulan sin, is chan fhaca mi riamh nì cho bòidheach ris."

Agus dh'fhaighnich ise gu dè bu chumadh, is gu dè bu dath dha. Agus dh'inns am balach an cumadh mar a b' fheàrr a b' urrainn dha, is gun robh dath uaine air.

Chaidh ise a-steach don ghàrradh far an robh am mulan, agus sgap i am mulan às a chèile. Ruith am balach, is dh'inns e da athair mar a thachair, is thàinig Otram gu luath a dh'fhaicinn na mnà aige mus fàgadh i e. Ach bha an cochall-èisg oirre mun tàinig e.

Dh'iarr e oirre fuireach ris, ach chan fhuiricheadh.

Am Maighstir agus an Gille

Bha àm ann o chionn fhada anns an robh gainne mhòr, air feadh na tìre. Bha mòran dhaoine a' falbh 's gun char aca ri dhèanamh oir cha robh obair ann dhaibh. Bha daoine ann cuideachd a bha a' gabhail brath air cho gann 's a bha an obair agus ged a bha iad a' cur feum air luchd-obrach cha robh iad deònach pàigheadh ceart a thoirt dhaibh. Nam measg bha tuathanach nach gabhadh gille sam bith ach fear a bha deònach fuireach aige fad seachd bliadhna agus nach iarradh de phàigheadh ach na ghlacadh e de shìol na bheul fhad 's a bhiodh e a' bualadh an arbhair anns an t-sabhal.

Cha robh duine deònach obair a ghabhail aige; ach mu dheireadh thuirt e gun toireadh e cead an sìol ud a chur anns an talamh a b' fheàrr a bha aige, agus gun toireadh e seachad na h-eich agus an crann aige fhèin airson an treabhadh a dhèanamh.

Thàinig gille òg a bha deònach an obair a ghabhail air na cùmhnantan seo. 'S e am pàigheadh a bhiodh aige na ghlacadh e de ghràinneanan sìl na bheul fhad 's a bhiodh e a' bualadh an arbhair anns an t-sabhal. Bha cead gu bhith aige an sìol sin a chur anns an talamh a b' fheàrr a bha aig an tuathanach, na dh'fhàsadh às an t-sìol sin a ghlèidheadh agus na ghlacadh e na bheul, fhad 's a bha e a' bualadh anns an t-sabhal, a chur còmhla ris; agus an sìol air fad a chur an-ath-bhliadhna anns an talamh a b' fheàrr a bha aig an tuathanach.

Bha a' chùis gu bhith a' dol air adhart mar seo o bhliadhna gu bliadhna, fad nan seachd bliadhna. Mar sin bha gu bhith aige seachd geamhraidhean anns an t-sabhal a' bualadh agus a' glacadh, seachd earraich gu cur, seachd samhraidhean gu fàs, agus seachd foghair gu buain. Na thigeadh às a sin, bhiodh e aige dha fhèin air a' cheann thall.

Ghabh an gille an obair agus an uair a bhiodh esan a' bualadh anns an t-sabhal bhiodh a mhaighstir daonnan a' bualadh còmhla ris. Cha do ghlac e an geamhradh sin ach trì gràinneanan sìl – ach ghlèidh e gu cùramach iad gus an tàinig an t-earrach, agus chuir e iad anns an talamh a b' fheàrr a bha aig a' bhodach.

Dh'fhàs na trì gràinneanan agus thug iad a-mach trì diasan arbhair, agus air gach aon dhiubh sin bha caogad gràinnean math sìl. Ghlèidh an gille iad sin gu cùramach agus bha e a' cur còmhla riutha gach sìlean mar a ghlacadh e na bheul fhad 's a bha e a' bualadh anns an t-sabhal.

Air an ath earrach chuir e a h-uile gin a bh' ann. An uair a thàinig am foghar bha an toradh a cheart cho math 's a bha e air a' bhliadhna roimhe sin. Lean an gille air an obair sin, o bhliadhna gu bliadhna. Air a' bhliadhna mu dheireadh bha de shìol aige 's na chuir a h-uile òirleach fearainn a bha aig a' bhodach, agus còrr air fhàgail.

B' fheudar don bhodach màl a phàigheadh don tuathanach a b' fhaisge dha airson talamh fhaighinn anns an cuireadh an gille an còrr sìl a bh' aige. Cha mhòr nach robh am bodach air a chreachadh buileach glan agus chuir e roimhe nach dèanadh e bargan dhen t-seòrsa ud ri seirbhiseach tuilleadh. Agus cha do rinn e sin.

Pìobaire Òg Uibhist A Deas

Bha siud ann o chionn fhada ann an Uibhist a Deas seann duine aig an robh triùir mhac. An dithis bu shine bha iad glè mhath air pìobaireachd, ach am fear a b' òige cha robh esan cianail math idir.

Aig an àm seo bha Clann MhicCruimein ann an Dùn Bheagain nam pìobairean aig ceann-cinnidh nan Leòdach, agus chuala iadsan mu na gillean a bha seo ann an Uibhist. Smaoinich iad gun rachadh iad a-null a dh'Uibhist feuch an dèanadh iad a-mach cò a b' fheàrr air pìobaireachd, iad fhèin no na gillean aig a' bhodach. Nuair a ràinig iad Uibhist cha robh na gillean a-staigh, agus dh'inns an athair do Chlann MhicCruimein nach biodh iad a' tilleadh dhachaigh gu ceann latha no dhà.

Thachair gun robh am fear a b' òige dhe na gillean aig an àm seo a-muigh a' buachailleachd air cnoc gorm aig astar fada on taigh aca. Chuala e an sin an ceòl bu bhinne agus bu bhrèagha a chual' e riamh agus smaoinich e sa mhionaid gur e sìthean a bha anns a' chnoc seo. Chun an dorais a ghabh e gun dàil, ach mus deach e a-steach, chuir e maide anns an doras, oir bha fhios aige nan dèanadh e sin gum faigheadh e a-mach a-rithist, ach mura dèanadh gum biodh e a-staigh gu bràth tuilleadh.

Cho luath 's a chaidh e a-steach dh'iarr e air a' bhodach bheag a bha a' seinn na pìoba am port ionnsachadh dha. Dh'iarr am bodach air a theanga a chur na bheul-san. Rinn esan sin agus sa mhionaid dh'ionnsaich e am port.

Nuair a ràinig am fear òg an taigh bha Clann MhicCruimein a-staigh roimhe agus dh'iarr iad air a phìob a chur suas feuch co-dhiù a b' fheàrr, esan no iad fhèin. Thuirt am bodach riutha nach biodh sin gu math sam bith, nach robh dad a dh'fheum anns an fhear òg.

“Coma leat,” thuirt iadsan, “feuchaidh esan co-dhiù, biodh e math no dona.”

Chuir an gille suas a phìob agus chluich e am port a dh'ionnsaich an sìthiche dha. Nuair a chuala Clann MhicCruimein an ceòl àlainn, binn seo 's ann a thuirt iad:

“Mas e sin am fear as miosa chan eil e gu feum sam bith dhuinne feuchainn ris an fheadhainn as fheàrr.”

Agus cha do rinn iad ach tilleadh anns a' bhad air ais do Dhùn Bheagain.